

[C041/SQP016]

---

An Ard Ire

45 mionaidean

BARRANTAIS

Gàidhlig

NAISEANTA

Pàipear I

Leughadh

Pàipear Ceist Sampail

Tha na comharraidhean a choisnear airson nam freagairtean ri oir na duilleige.

**Leugh am pios bàrdachd seo, agus freagair nad chainnt fhèin na ceistean a tha ga leantainn.**

**MAIRI IAIN MHURCH' CHALUIM le Anna Frater**

Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh  
agus tha mo chridhe a' tuigsinn  
barrachd na mo chlaisneachd;  
's mo shùilean a' toirt a-steach  
barrachd na mo chluasan.

Ur guth sèimh, ur cainnt  
ag èirigh 's a' tuiteam mar thonn  
air aghaidh fhuar a' chuain,  
's an-dràst 's a-rithist a' briseadh  
air creag bhiorach cuimhne;  
's an sàl a' tighinn gu bàrr  
ann an glas-chuan ur sùilean.

“Bha e air an ròp  
an uair a bhris e . . .”

Agus bhris ur cridhe cuideachd  
le call an ròpa chalma  
air an robh grèim gràidheil agaibh  
fhads a bha sibh a' sreap suas  
nur leanabh.

Agus, aig aois deich bliadhna  
cha robh agaibh ach cuimhne air a' chreig  
a bhiodh gur cumail còmhnard;  
's gach dòchas a bha nur sùilean  
air a bhàthadh tron oidhch' ud,  
's tro gach bliadhna' ùr a lean.

Chàirich iad a' chreag  
agus dh'fhàg sin toll.

Chruadhaich an sàl ur beatha  
agus chum e am pian ùr;  
agus dh'fhuirich e nur sùilean  
cho goirt 's a bha e riamh;  
agus tha pian na caillich  
cho geur ri pian an nighinn,  
agus tha ur cridhe  
a' briseadh às ùr  
a' cuimhneachadh ur h-athar.

“. . . oir bha athair agam . . .”

## CEISTEAN

- |    |   |             |
|----|---|-------------|
| 1. | Minich faireachdainnean a' bhana-bhàird sa chiad rann.  | 3           |
| 2. | (a) Ciamar a tha a' chailleach air a coimeas ris a' mhuir san dàrna rann?   | 2           |
|    | (b) Ciamar a thuigeas tu gu robh a' chailleach a' faireachdainn brònach?  | 2           |
|    | (c) Tagh facail às an dàrna rann a sheallas mar a tha a' bhana-bhàrd a' faireachdainn mun chuan.                                    | 2           |
| 3. | Thoir do bheachd air carson a tha an treas rann cho goirid.   | 2           |
| 4. | Tagh dà shamhla a tha a' bhana-bhàrd a' cleachdadh a thaobh athair na caillich.   | 2           |
| 5. | Le eisimpleirean o rann 4 agus 5, seall gu dè an seòrsa càirdeis a bha eadar a' chailleach agus a h-athair.                         | 6           |
| 6. | Dè tha thu a' smaoinichadh a tha a' bhana-bhàrd a' ciallachadh le na facail,<br>"Chàirich iad a' chreag,<br>agus dh'fhàg sin toll." | 3           |
| 7. | Innis mun bhuaidh a bha aig a' bhàthadh air a' chaillich tro beatha.  | 3           |
| 8. | Dè do bharail fhèin air freagarrachd nan iomhaighean anns a' phios bàrdachd seo?  | 3           |
| 9. | Dè cho èifeachdach 's a tha a' bhana-bhàrd ann a bhith a' dùsgadh co-fhaireachdainn annad fhèin?                                    | 2           |
|    |   | <b>(30)</b> |

[CRIOCH A' PHAIPEIR]

[C041/SQP016]

---

An Ard Ire

45 mionaidean

BARRANTAIS

Gàidhlig

NAISEANTA

Pàipear II

Sgrìobhadh

Pàipear Ceist Sampail

Tòisich an fhreagairt (no ath-sgrìobhadh na freagairt) air duilleig ùir.

Tha na comharraidhean a choisnear airson nam freagairtean ri oir na duilleige.

Faodar comharraidhean a chall tro dhroch litreachadh, tro dhroch phungadh, agus airson sgrìobhadh a tha doirbh a leughadh.

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas. Bu chòir do fhreagairt  
a bhith mu 400 facal a dh'fhaid.**

1. Buannachd a' chrannchair nàiseanta: toileachas agus trioblaidean. (30)
2. “Chan eil gu leòr ga dhèanamh gus cuideachadh le daoine a tha ciorramach.” Dè do bheachd fhèin? (30)
3. An stoirm. (30)
4. Linn ùr: toiseach na bliadhna 2000. (30)
5. Tha fadachd orm. (30)

[CRIOCH A' PHAIPEIR]

[C041/SQP016]

---

An Ard Ire

30 mionaidean

BARRANTAIS

Gàidhlig

NAISEANTA

Pàipear III

Eisteachd (Earrann)

Pàipear Ceist Sampail

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.

## STUIREADH DON TIDSEAR

### MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 30 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na minichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

[A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN]

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh a-cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

[AN DARNA LEUGHADH DEN EARRAINN]

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An-sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

\* \* \* \* \*

## STUIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN TEIP

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàrteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 30 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Tòisichibh an t-inneal.

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal. (Na cuiribh air ais an teip.)

5. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

6. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin tòisichibh an t-inneal a-rithist.

[AN DARNA CLUICH DEN EARRAINN]

7. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.

8. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

9. An-sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.



## EARRANN

**'S iomadh naidheachd inntinneach a gheibh thu ann an seann phàipearan-naidheachd. Seo cuid de nithean a nochd air aon seachdain o chionn ceud bliadhna.**

Cuin idir a tha aiteamh gu bhith ann? Sin a' cheist a bh'air bilean mhòran air Ghaidhealtachd air an t-seachdain seo bho chionn ceud bliadhna, agus gu h-àraid air taobh sear na dùthcha a bha fada na bu mhiosa dheth na an Cost an-Iar, le reothadh chruaidh is sneachd a bha air maireachdainn gun lasachadh son faisg air dà mhios.

Bha na bailtean na bu mhiosa dheth na an dùthaich, tha e coltach. Bha obair a-muigh air sgur buileach glan is bha mòran air a' bhochdainn. Ann an Inbhir Nis bha còrr is ceud duine a' faighinn brot a h-uile latha aig cidsin nam bochd nach b' àbhaist a bhith fosgailte ach uair san t-seachdain. Bha pioban uisge a' bhaile uile reòite is mòran dhiubh air sgàineadh, is bha cairt uisge a' ruith air na taighean a h-uile latha. Bha fuachd air seirbheis a' ghas a mhilleadh cuideachd, is bha am baile an ire mhath dubh dorcha a h-uile oidhche.

Aig an t-Sloc, mu chòig mìle deug deas air Inbhir Nis, dh'fhosgail an companaidh a bha ag obair air an rèile sin cidsin brot air son mu cheud nàbhaidh nach robh air car obrach a dhèanamh, is a bha mar sin gun airgead, bho chionn sia seachdainean. Bha cuid dhiubh nise cho lag leis an acras is nach b' urrainn dhaibh coiseachd dhan chidsin, is b' fheudar am beagan bidh a bha iad a' faighinn a thoirt thuca anns na bothain aca. Bhiodh e co-dhiù mìos an dèidh an aiteimh mus tòisicheadh obair a-rithist, thuirt manaids ear a' chompanaidh, is bhiodh cuid dhe na nàbhaidhean ann an droch staid ron uair sin mura dèante cobhair orra.

Leig ceannard poilis Shiorrachd Inbhir Nis ma sgaol àireamh nan eucorach son a' bhliadhna a bha air a dhòl seachad, is bha iad suas mu dheich às a' cheud air a' bhliadhna roimhe sin. Chaidh mu dhusan ceud cron de sheòrs' air choreigin a thoirt gu aire nam poileas, is lorg iad daoine son nas lugha na leth dhiubh le còig ceud is deich air fhichead neach a' nochdadh sa chùirt.

Ann an Cùirt an t-Siorraim an Inbhir Pheofharain Dimàirt nochd dithis dhaoine òga—Alasdair Macillinnein, maraiche, agus Ruairidh Mac an Tòisich, iasgair—is e air a chur as an leth gu robh iad a' poidseadh feadh na h-oidhche air oighreachd a' Mhorair Middleton air a' Chomraich. Chaidh a chur as leth Macillinnein cuideachd gun do loisg e urchair gun diù sam bith a ghabhail de shàbhailteachd nan geamairean. Dh'aidich an dithis an ciont is fhuair Mac an Tòisich mìos dhen phrìosan air son a bhith a' poidseadh is Macillinnein a tri.

Thug Cùirt an t-Seisein an Dun Eideann cead do Sir John Campbell Orde, uachdaran Uibhist a Tuath, boireannach a chur às a dachaigh an Loch nam Madadh. B' ise Cairistiona Mhoireasdan a bha a' fuireach ann an taigh beag air taobh an ear an rathaid eadar an cidhe is an clachan, is bha Orde ag ràdh nach robh còir sam bith aice air is gu robh feum aige fhèin air an taigh co-dhiù.

Bha Cairistiona a' cumail a-mach gur e a h-athair, a bha na sheòladair air bàta cogaidh, a thog an taigh air làrach a fhuair e bhon Mhorair Dhòmhnallach, an t-uachdaran aig an àm bho chionn trì fichead bliadhna. Bha i deònach an taigh a reic ri Orde, thuirt i, fhad 's a bheireadh e dhi làrach an Loch nam Madadh air an togadh i fhèin taigh ùr. Ach a chionn 's gu robh i air pàipearan an taighe a chall, ged a bha i cumail a-mach gu robh lethbhreac eile dhiubh aig bàillaidh Chlann Dòmhnail san Eilean Sgitheanach, fhuair Orde cead an t-sitig a thoirt dhi.

[CRIOCH NA H-EARRAINN]

[C041/SQP016]

---

An Ard Ire

30 mionaidean

BARRANTAIS

Gàidhlig

NAISEANTA

Pàipear III

Eisteachd (Ceistean)

Pàipear Ceist Sampail

Tha 30 comharradh air an cur fa chomhair a' phàipeir seo.

Eist gu cùramach ri earrainn a thèid a leughadh dhut no a chluinneas tu air teip, agus freagair na ceistean a leanas. Cluinnidh tu an earrann dà uair, le dà mhionaid eadar an dà leughadh. Faodaidh tu notaichean a sgrìobhadh aig àm sam bith.

**Na tionndaidh am pàipear seo gus an iarrar ort.**

## CEISTEAN

- |     |   |             |
|-----|---|-------------|
| 1.  | Dè bha a' sealltainn gun robh an aimsir seo air a bhith aig daoine airson ùine?                                   | 2           |
| 2.  | Ciamar a bha seirbheis cidsin nam bochd a' sealltainn cho dona 's a bha gnothaichean?                             | 2           |
| 3.  | Ainmich cuid de na duilgheadasan sònraichte a bha aca sa bhaile.  | 2           |
| 4.  | Innis mu shuidheachadh aon seòrsa luchd-obrach aig an àm.   | 3           |
| 5.  | Dè na bha aig manaidsear a' chompanaidh ri ràdh mun ghnothach?  | 3           |
| 6.  | Thoir cunntas den fhiosrachadh a dh'fhoillsich ceannard a' phoilis.   | 3           |
| 7.  | (a) Dè na casaidean a bha an aghaidh an dithis a bha sa chùirt?   | 3           |
|     | (b) Ciamar a tha fios againn gun do ghabh an dithis ri na casaidean seo?  | 1           |
| 8.  | (a) Dè an argamaid a bha aig Sir John Campbell Orde airson Cairistiona Mhoireasdan a chur às a dachaigh?          | 2           |
|     | (b) Ciamar a bha Cairistiona a' cur na aghaidh?   | 2           |
|     | (c) Carson a chaidh an gnothach le Sir John?  | 1           |
| 9.  | (a) Dè am prìomh adhbhar a bha aig an aithisg seo?  | 1           |
|     | (b) Càit an cluinneadh, no am faiceadh, tu aithisg den t-seòrsa seo?  | 1           |
| 10. | Tagh eisimpleirean às an earrainn a tha a' foillseachadh gun do thachair na nithean seo bho chionn ceud bliadhna. | 4           |
|     |   | <b>(30)</b> |

[CRIOCH A' PHAIPÈIR]